

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

STÒR-DÀTA AINMEAN-ÀITE GÀIDHLIG A' DOL AIR-LOIDHNE

19 An Lùnastal 2010

Chaidh stòr-dàta ùr air-loidhne, a bheir seachad fiosrachadh ùghdarrasach mu ainmean-àite Gàidhlig ann an goireas singilte, a chur air bhog an-diugh (19 Lùnastal 2010) aig Comataidh Ghàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd. Tha an Stòr-dàta Nàiseanta de dh'Ainmean-Àite Gàidhlig a' toirt ri chèile 10 bliadhna de rannsachadh le Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA), an com-pàirteachas comhairleachaidh nàiseanta gus ainmean-àite Gàidhlig a rannsachadh is a stèidheachadh. Bidh an stòr-dàta air-loidhne a' tabhann chruthan deimhinnte a dh'fhaodas ùghdarrasan ionadail, na meadhanan, luchd-rannsachaidh, coimhearsnachdan ionadail, luchd-coiseachd is luchd-streip no duine sam bith le ùidh ann an ainmean-àite Gàidhlig, a chleachdadh. Tha fiosrachadh eachdraidheil, tùsan ionadail agus faidhlichean-fuaim gus cuideachadh le fuaimneachadh cuideachd rim faotainn san stòr-dàta. Thuirt Bill Weston, Cathraiche Ainmean-Àite na h-Alba: "Tha sinn moiteil ainmeachadh gu bheil an Stòr-dàta a-nis ri fhaotainn gus coinneachadh ris an iarrtas fhàsmhor airson fiosrachadh ceart agus earbsach mu ainmean-àite Gàidhlig. Tha sinn fìor thaingeil airson na taic, na comhairle is a' mhaoineachaidh bho Bhòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheil is Bhòid agus ar com-pàirtichean is ar luchd-ceannach uile a chuidich gus seo a thoirt gu buil. Tha sinn an dòchas gur e goireas oideachail ionmholta a bhios anns an stòras seo agus gum bi e air leth cudromach airson dualchas eachdraidheil, àrainneachd is cànan na h-Alba. Bidh an Stòr-dàta Nàiseanta ri fhaotainn an-asgaidh don phoball aig www.ainmean-aite.org is bheir e seachad fiosrachadh ùghdarrasach mu ainmean-àite Gàidhlig ann an goireas singilte, cuide ris an rannsachadh a chaidh a dhèanamh air na h-ainmean sin, fiosrachadh mu leabhraichean, agus àireamh-fiosrachaidh grìoda sia-figearach gus gach ainm a lorg. An-dràsta tha 1,000 inntrigeadh ann a tha a' còmhach àiteachan air feadh na h-Alba. Seach gu bheil obair air an stòr-dàta a' dol air adhart fhathast leanaidh sinn air adhart a' cur fiosrachadh is rannsachadh ris fhad 's a bhios am pròiseact ga leasachadh. Tha faidhlichean-fuaim an cois cuid de na h-inntrigidhean gus sealltainn mar a thathar a' fuaimneachadh an ainme is thèid cur riutha is ris an àireimh inntrigidhean san fharsaingeachd. A' cur fàilte air cur air bhog an Stòir-dàta thuirt Hamish Friseal, Cathraiche Comataidh Ghàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd: "Tha mi fìor thoilichte gu bheil Stòr-dàta Ainmean-àite na h-Alba a-nis beò agus gu bheil a' cleachdadh Comataidh Ghàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd mar àrd-ùrlar gus a chur air bhog. Bidh e na goireas luachmhor do luchd-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd a bhios ag obair ann an còmhail, dealbhadh is leasachadh, seirbheisean dùthchail, turasachd, leasachadh Gàidhlig

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



agus foghlam, ach bidh e cuideachd tarraingeach don phoball choitcheann a bhios airson eadar-theangachadh deimhinnte fhaighinn de dh'ainmean-àite Gàidhlig. Ars esan cuideachd: “Tha a’ Chomhairle air a bhith a’ toirt taic, maoineachadh is comhairle do dh’Ainmean-àite na h-Alba agus air obrachadh ann an com-pàirteachas leis gus ainmean a libhrigeadh airson shoidhnichean Gàidhlig bho 2003. Tha obair a’ leantainn air adhart air lìonradh prìomh shlighean na Gàidhealtachd.” Tha an Stòr-dàta a’ coinneachadh aon de phrìomh mhion-amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007 – 2012 aig Bòrd na Gàidhlig gus ‘stòr-dàta nàiseanta de dh’ainmean-àite Gàidhlig a rannsachadh, a leasachadh is a bhrosnachadh.’ Thuirt Art Carraig, Cathraiche Bòrd na Gàidhlig: “Tha cur air bhog an Stòr-dàta a’ comharrachadh ìre chudromach san obair-leasachaidh gus an goireas rannsachaidh is eòlais riatanach seo a sgaoileadh. Tha goireas mòr mar seo le ùghdarras is cùl-taic bho phrìomh bhuidhnean gar toirt gu ìre eile ann a bhith a’ tuigsinn carson a tha ar n-àrainneachd air a h-ainmeachadh mar a tha i. Bidh an obair a rinneadh gu ruige seo luachmhor dha-rìribh agus tha fios agam gum bi muinntir na h-Alba fada nas fiosraiche air sgàth sin.” -crìoch- Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh brath gu: Dr Michelle Cotter, Manaidsear Pròiseict, Ainmean-Àite na h-Alba, Fàs, Sabhal Mòr Ostaig, An t-Eilean Sgitheanach IV44 8RQ Fòn: 01471 888 120 Post-d: mcotter@ainmean-aite.org

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Notaichean do Luchd-deasachaidh:

'S e com-pàirteachas comhairleachaidh nàiseanta de bhuidhnean poblach is saor-thoileach a th' ann an Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA) le prìomh amas rannsachadh a dhèanamh air ainmean-àite Gàidhlig agus cruthan cearta is cunbhalach a stèidheachadh airson mhapaichean, shoidhnichean is cleachdadh san fharsaingeachd. Am measg nan com-pàirtichean tha Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheil is Bhòid, Comhairle nan Eilean Siar, Comunn na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig, Suirbhidh Òrdanais, Dualchas Nàdair na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Riaghaltas na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, Comann Ainmean-Àite na h-Alba agus Institiud Mìle Bliadhna OGE. Bidh AÀA a' cleachdadh eòlas ionadail, freumhan eachdraidheil agus prionnsapalan stèidhichte gus cruthan ainmean-àite, a bhios ceart a thaobh litreachadh is eachdraidh, aontachadh. Tha an com-pàirteachas air stiùireadh a thoirt seachad mu chleachdadh is litreachas ainmean-àite Gàidhlig agus eileamaidean cumanta ann an ainmean-sràide. Tha iad seo rim faotainn air làrach-lìn AÀA air www.ainmean-aite.org. Thathar an dòchas gun lean am pròiseact co-dhiù gu Màrt 2011. Tha a' chuid as motha den mhaoineachadh a' tighinn bho Bhòrd na Gàidhlig le tabhartasan eile bho Chomhairle na Gàidhealtachd is bho Chomhairle Earra-Ghàidheil is Bhòid. Cuideachd bidh buidhnean leithid Coimisean na Coilltearachd agus Dualchas Nàdair na h-Alba a' pàigheadh airson obair rannsachaidh. Tha AÀA air a ruith le comataidh de riochdairean bho na com-pàirtichean uile agus tha Bill Weston bho Chomhairle Earra-Ghàidheil is Bhòid sa chathair. Tha dithis luchd-obrach aig a' phròiseact an-dràsta: manaidsear pròiseict a tha stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach agus rannsaich pròiseict stèidhichte ann an Dùn Èideann.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



GAZETTEER OF GAELIC PLACE-NAMES GOES ONLINE

19 August 2010

A new online gazetteer providing a single authoritative source of information on Gaelic place-names was launched today (19 August 2010) at The Highland Council's Gaelic Committee. The National Gazetteer of Gaelic Place-names is the culmination of 10 years of research by Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA), the national advisory partnership to research and establish Gaelic place-names. In the form of an online database the gazetteer offers definitive forms which can be used by local authorities, the media, researchers, local communities, walkers and climbers or anyone with an interest in place-names. The gazetteer includes historical information, local sources and sound files to help with pronunciation. Bill Weston, Chairman of Ainmean-Àite na h-Alba said: "We are proud to announce that the Gazetteer is now available to meet the growing demand for accurate and reliable information about Gaelic place-names. We are very grateful for the support, advice and funding from Bòrd na Gàidhlig, The Highland Council, Argyll and Bute Council and all of our partners and clients in making this possible. We hope that the database will be an invaluable educational tool and a treasure trove for Scotland's historical, environmental and linguistic heritage." The National Gazetteer, which is freely available to the public at www.ainmean-aite.org provides a single source of authoritative information on Gaelic place-names, including the research on which names have been determined, links to bibliographical information and each six figure grid reference links to a map to locate each name. At present there are 1,000 entries covering places throughout Scotland. Work will continue to add further research and sound files to assist with pronunciation, and to expand the number of entries. Welcoming the launch of the Gazetteer Chairman of The Highland Council's Gaelic Committee Councillor Hamish Fraser said: "I am delighted that the Ainmean-Àite na h-Alba Gazetteer is now live and that The Highland Council's Gaelic Committee is being used as the platform for the launch. It will not only continue to be an invaluable resource to Highland Council staff who work in transport, planning and development, countryside services, tourism, Gaelic development and education but it will have a wide appeal to the general public who want to know the definitive translation of Gaelic place names. He added: "The Council has been a key supporter, funder and advisor to Ainmean-Àite na h-Alba working in partnership to deliver names for Gaelic signage since 2003. Work is continuing on names for the Highland core paths network." The Gazetteer meets one of the key objectives of Bòrd na Gàidhlig's National Plan for Gaelic 2007 – 2012 to 'research, develop and promote a national gazetteer of Gaelic place-names'. Arthur Cormack, Chair of Bòrd na Gàidhlig said: "The launch of the Gazetteer marks a significant point in the development of a vital element of Gaelic research and knowledge

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



dissemination. A major resource like this with the authority and backing of many key agencies enables us to, take to a new level, the work being done in terms of people understanding why our environment is labelled and named in the way it is. The work done to date will be invaluable and I know that many people in Scotland will be much more well informed as a result.” -ends- For further information please contact: Contact: Dr Michelle Cotter, Project Manager, Ainmean-Àite na h-Alba, Fàs, Sabhal Mòr Ostaig, Isle of Skye IV44 8RQ Tel: 01471 888 120 Email: mcotter@ainmean-aite.org

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Notes for Editors:

Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA) ~ Gaelic Place-Names of Scotland ~ is a national advisory partnership of public and voluntary bodies whose purpose is to research Gaelic place-names to establish correct and consistent forms for maps, signage and general use. Partners include Highland Council, Argyll and Bute Council, Comhairle nan Eilean Siar, Comunn na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig, Ordnance Survey, Scottish Natural Heritage, Highlands and Islands Enterprise, the Scottish Government, the Scottish Parliament, the Scottish Place-Names Society and UHI Millennium Institute. AÀA uses local knowledge, historical sources and established principles to agree orthographically and historically accurate forms of place-names. The partnership has produced guidance on the use and spelling of Gaelic place-names and on common elements in street names. These are available on the AÀA website www.ainmean-aite.org. The project is expected to run until March 2011, with funding mainly from Bòrd na Gàidhlig, contributions from Highland and Argyll & Bute councils and payment for research carried out for organisations such as the Forestry Commission and SNH. AÀA is run by a committee comprising representatives of all the partners and currently chaired by Bill Weston, Traffic and Development Manager, Argyll & Bute Council. The project currently has 2 staff: the project manager based at Sabhal Mòr Ostaig on Skye and the project researcher based in Edinburgh.